



Kirsteen NicDhòmhnaill



'S ann do dh'Inbhir Nis a bhuineas Kirsteen NicDhòmhnaill, ged a tha dlùth-cheangal aice ri sgìre Mhùideirt, an sgìre dham boineadh a màthair, nach maireann. 'S ann à Baile Eilidh a tha a h-athair.

Chaidh i gu Bun-sgoil a' Mheadhain ann an Inbhir Nis far an d' fhuair i foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, agus an uair sin gu Àrd-sgoil Allt na Muilne. Cha robh facal Gàidhlig anns an dachaigh ged a bha Gàidhlig aig a seanair, air taobh a màthar. Chaidh i tro fhoghlam aig àrd-ìre aig Sabhal Mòr Ostaig anns an Eilean Sgitheanach, far an do cheumnaich i le BA (le urram) ann an Cànan agus Cultar na Gàidhlig.

Bho cheumnaich i tha i air a bhith ag obair aig a' BhBC. Tha i air a bhith an lùib obair nan naidheachdan gu ìre mhòr, aig Radio nan Gàidheal, a' lìbhrigeadh agus ag aithris. Bho chionn seachd bliadhna, fhuair i an cothrom trèanadh a dhèanamh an lùib roinn na h-aimsire, agus 's ann anns an roinn sin as motha dham bheil i ag obair fhathast, an dà chuid dha BBC Alba agus do phrògram naidheachdan Reporting Scotland. Tha i fhathast ag aithris nan naidheachdan air Radio nan Gàidheal an siud 's an seo cuideachd.

Tha Kirsteen air iomadh prògram a phreseantadh rè nam bliadhna air an rèidio agus an telebhisean – nam measg am Mòd Nàiseanta Rìoghail agus 'Cèilidh na Bliadhn' Ùire'. An-uiridh, chaidh urram 'Tosgair na Gàidhlig' aig a' Chomunn Ghàidhealach agus Riaghaltas na h-Alba a bhuileachadh oirre.

Òraid

"Tha beachdan-smuain foghlaim a' tighinn, a' falbh agus ag atharrachadh rè nam bliadhna, ach tha aon rud ann air nach eil buaidh a' tighinn idir. 'S e sin, an dàimh eadar sgoilearan agus luchd-teagaisg, 's mar a tha a h-uile oidhirp ga dhèanamh le tidsearan, airson soirbheas na cloinne a tha a' tighinn fo an cuid oideachaidh a dhèanamh cinnteach. 'Chan eil oileanach os cionn a thidseir, ach, bidh a h-uile duine, nuair a thig an t-oideachadh gu ceann, coltach ri a thidsear'."



Kirsteen MacDonald

Kirsteen MacDonald is from the Highland capital, Inverness, but has a strong affinity with Moidart through her late mother's links with the area. Kirsteen was greatly influenced by her Grandfather, a native Gaelic speaker from Lochailort and credits him with fuelling her interest in the language.

Having attended Central Primary school Gaelic unit and Millburn Academy, she was immersed in the Gaelic language and culture, receiving her education primarily through the medium of Gaelic.

Kirsteen was a student at Sabhal Mòr Ostaig, on the Isle of Skye, where she graduated in 2005 with a BA (honours) degree in Gaelic Language and Culture and has since carved out a successful career in Gaelic and English language broadcasting with the BBC. She has worked as a radio Broadcast Journalist, primarily as a newsreader.

After extensive training, Kirsteen has gone on to be the main weather presenter for the news service on the Gaelic television channel, BBC Alba, which was historically launched in September 2008. She is also frequently used as a weather presenter on Reporting Scotland, Scotland's flagship news programme.

Kirsteen is a very much sought after presenter and has worked on a variety of projects and events over the last few years, including the Royal National Mòd and BBC Alba's Hogmanay celebrations, since 2011. Last year, she was awarded the An Comunn Gàidhealach and the Scottish Government's 'Gaelic Ambassador of the year' award.

Speech

"Theories about education come and go and change over the years, but there is one aspect which does not change at all. That is the relationship between pupils and teachers, and how teachers make every effort to ensure the success of the children who come under their instruction. 'A student is not above his teacher, but everyone, at the end of their instruction, is like their teacher.'"